

15 Màrt 2022

A phàrant/neach-cùraim chòir

Tha Luchd-sgrùdaidh Foghlaim na Banrigh an-dràsta a' tadhal air cuid de sgoiltean agus suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne air feadh na h-Alba. Nuair a sgrìobh sinn thugaibh às dèidh an sgrùdaidh mu dheireadh air Sgoil a' Bhac agus Sgoil Àraich Loch a Tuath¹, thuirt sinn gum biodh sinn a' conaltradh ris an sgoil gus cunntas a thoirt air adhartas. O chionn ghoirid, rinn sinn conaltradh le luchd-obrach agus leis an ùghdarras ionadail agus thadhail sinn air Sgoil a' Bhac agus Sgoil Àraich Loch a Tuath. Chuidich seo gus tuilleadh ionnsachadh air mar a chaidh taic a thoirt do chlann agus an teaghlaichean tron ghalar mhòr-sgaoilte COVID-19. Chuala sinn cuideachd mu mhodhan-obrach a bha ag obair gu math gus taic a chumail ri slàinte is sunnd, ionnsachadh is adhartas na cloinne. Bheachdaich sinn, còmhla ris a' cheannard agus ri oifigear an ùghdarras ionadail, air adhartas na sgoile ann a bhith a' toirt air adhart na molaidhean bhon sgrùdadh thùsail againn.

Tha an litir seo a' mìneachadh na lorg sinn nuair a thadhail sinn.

A' toirt taic do chlann, daoine òga agus teaghlaichean tro COVID-19

Cha mhòr nach eil a' chlann air fad ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig agus na Beurla cinnteach agus beachdail mu na dòighean anns a bheil luchd-obrach fhathast a' toirt taic dhaibh tro COVID-19. Tha e a' còrdadh ris a' chlann a bhith air ais san sgoil. Tha iad gam freagairt fhèin gu luath ri sòisealachadh còmhla ri daoine eile agus a' togail dhàimhean. Tha clann soilleir air na dleastanasan a th' aca airson cumail sàbhailte tron ghalar mhòr-sgaoilte. Sheas iad gu math ri obair taobh a-staigh 'bhuilgeanan'. Tha clann a-nis a' tuigsinn gu bheil cuid de ghnìomhachasan a chaidh a stad le COVID-19 air ath-thòiseachadh. Tha cothroman aca gu tric airson bruidhinn air an t-sunnd aca. Tha iad eòlach air na slatan-tomhais nàiseanta airson sunnd gus na faireachdainnean aca a mhìneachadh agus gus taic fhaighinn.

Bha dìcheall na cloinne le ionnsachadh tron ghlasadh-sluaigh aig ìre glè àrd. Tha am frithealadh aca ann an tilleadh dhan sgoil glè mhath. Tha clann ag aithneachadh neartan anns an dòigh anns an do chuir luchd-obrach agus pàrantan taic riutha rè ùineachan ionnsachaidh aig an taigh no san ionad. Ghabh a' mhòr-chuid de chlann gu luath ri cleachdadh teicneolas didseatach airson ionnsachadh. Chuir iad luach air roghainn nas motha air cuin a bhite a' toirt air adhart gnìomhachasan fosgailte air an suidheachadh leis na tidsearan aca. Le seo a dhèanamh, leasaich iad sgilean ann an stiùireadh an ùine aca. Phrìomhaich iad cluich agus cuideachadh nan teaghlaichean aca le cùisean làitheil. Dh'obraich a' chlann còmhla ri com-pàirtichean bhon bhrath-naidheachd ionadail, 'Loch a Tuath' airson clàradh mar a bha eòlasan COVID-19 a' buntainn ris an sgìre aca ann an Leòdhas. Chuir clann luach air a' ghnìomhachd ùghdarail agus cudromach seo gus eachdraidh a chlàradh. Tha iad sgrùdach agus cruthachail air ciamar a dh'fhaodadh na h-eòlasan aca air COVID-19 cruth a chur air ro-innealachd an fhoghlaim san àm ri teachd aig Sgoil a' Bhac.

Tha an ceannard-sgoile agus an luchd-obrach a' dèanamh oidhirpean mòra gus taic a thoirt do fhoghlam na cloinne tro COVID-19. Dh'atharraich tidsearan an curraicealam gu sealach gus fòcas a dhèanamh air litearrachd, àireamhachd, sunnd agus fileantas a thogail anns a' Ghàidhlig. Dh'obraich luchd-cleachdaidh san sgoil-àraich ann an ionadan ionnsachaidh ann an sgìrean eile de Leòdhas. Bha dleastanas luachmhor aig luchd-taic le cuideachadh ionnsachadh agus sunnd na cloinne. Chum iad ann an conaltradh còmhla ri teaghlaicean. Bha barrachd fòcais aig a h-uile neach-obrach air leughadh agus ionnsachadh proifeasanta ceangailte ris na feumalachdan pearsanta aca agus leasachadh na sgoile. Leasaich luchd-obrach na sgìlean aca ann an teicneolas didseatach. 'S e aon eisimpleir de seo cleachdadh goireas didseatach airson conaltradh a dhèanamh còmhla ri clann agus pàrantan. Bha seo gus soirbheachadh a chlàradh, sùil a chumail air adhartas agus teachdaireachdan ro-chlàraichte a sgaoileadh. Fhuair pàrantan agus clann an leasachadh seo glè mhath le.

Adhartas le molaidhean bhon sgrùdadh mu dheireadh

Tha a h-uile neach-obrach ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig agus na Beurla air leasachadh mar stiùirichean ionnsachaidh, atharrachaidh agus leasachaidh soirbheachail. Sheall iad foghainteachd ann an dèiligeadh le COVID-19 agus stiùireadh leasachaidhean aig an aon àm. Stiùir an ceannard-sgoile atharrachaidhean mòra gu soirbheachail agus gu h-èifeachdach. Thoisich luchd-obrach ùr anns an sgoil-àraich. Bho co-chomhairleachadh le pàrantan, chaidh solarachadh seòmar-cluiche ùr a chur air bhonn tro mheadhan na Beurla. Bha an ceannard-sgoile os cionn bun-sgoil agus sgoil-àraich san nabachd airson greis. Bha seo a bharrachd air an dreuchd aice aig Sgoil a' Bhac. Bha an ceannard-sgoile a' faireachdainn gun d' fhuair i deagh thaic agus brosnachadh bho oifigearan aig Comhairle nan Eilean Siar. Fhreagair oifigearan gu luath le ro-innleachd airson stiùireadh a thaobh COVID-19 a thoirt gu buil.

Rinn an ceannard-sgoile agus an luchd-obrach adhartas soilleir air freagairt ri molaidhean bhon sgrùdadh mu dheireadh. Chuir iad dàil reusanta air cuid de phrìomhachasan leasachaidh air sgàth 's COVID-19 agus thòisich iad air pròiseactan eile. Thug an ceannard-sgoile a-steach ceisteachain air-loidhne gus beachdan a lorg air na tha a' dol gu math agus far a bheil leasachaidhean a dhìth. Tha i a' gabhail a-steach gu sgìleil ceistean air co-theacsa na sgoile airson na Gàidhlig. Tha e a' còrdadh ri luchd-obrach gum faod iad freagairt ris a' cheisteachan nan aonar, agus ath-sgrùdadh a dhèanamh air freagairtean coitcheann, mus prìomhaich iad pròiseactan airson leasachadh. Tha am feum airson obair ann am 'builgeanan' air bacadh a chur air planaichean an luchd-obrach tadhal air agus ath-sgrùdadh a dhèanamh air obair cach a chèile.

Stèidhich Comhairle nan Eilean Siar stiùiriche cùram-chloinne anns an sgoil-àraich gus ro-innealachd airson leasachaidh a chur air dòigh. Thug i a-steach luchd-obrach ùr gu h-èifeachdach agus thug i seachad stiùireadh airson solarachadh seòmar-cluiche ùr a chur air bhonn tro mheadhan na Beurla. Tha i cuideachd a' comhairleachadh air clann a bhith fileanta gu leòr sa Ghàidhlig aig deireadh na h-ìre làn-bhogaidh.

Anns an dà sheòmar-chluiche, tha luchd-cleachdaidh a' dèanamh ath-sgrùdadh air an obair aca gus àrd-ìrean agus barrachd ionnsachaidh ann an nàdar a ruigsinn. Anns an t-seòmar-chluiche airson Foghlam Meadhan Beurla, tha luchd-cleachdaidh mothachail air feumalachdan cloinne fa leth le bhith a' toirt àite dhaibh a bhith còmhla ri inbheach eile air

bonn aon-ri-aon mar a tha a dhìth. Tha luchd-cleachdaidh a' brosnachadh cothromas agus in-ghabhaltachd na Gàidhlig le bhith a' planadh gun ionnsaich clann a' Ghàidhlig na cànan a bharrachd. Tha misneachd aig clann beagan Gàidhlig a chleachdadh ann an cluich agus cuid de chleachdaidhean air an stiùireadh le inbhich.

Anns an t-seòmar-chluiche airson làn-bhogadh tron a' Ghàidhlig, tha an ceannard-sgoile air luchd-labhairt fileanta na Gàidhlig a thrusadh gu soirbheachail. Tha luchd-cleachdaidh a' cosnachadh gu math le buidhnean beaga de chlann ann an cluich làn-bhogaidh. Tha iad a' solarachadh iomraidhean sa Ghàidhlig agus a' cur cheistean gus am faod a' chlann smaoinichadh gu domhainn air an ionnsachadh aca. Stèidhich clann cleachdaidhean far a bheil iad a' sealltainn an tuigse agus cleachdadh a' Ghàidhlig aca. 'S urrainn dhaibh bruidhinn air na faireachdainnean aca, làithean na seachdainnean agus na sgeulachdan a chaidh a leughadh riutha. Bidh clann a' leasachadh sgilean ann an co-dhùnaidhean a dhèanamh ann an gnìomhachasan stiùirichte le inbhich le bhith a' roghainn òrain airson seinn. Mar as trice, tha iad a' cleachdadh ainmean Gàidhlig nan òran gus na roghainnean aca innse. Bu chòir don a h-uile neach-cleachdaidh cumail orra gus ionnsachadh ìre àrd a phlanadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig agus na Beurla.

Aig ìrean na bun-sgoile, dh'atharraich luchd-obrach a' churraicealam gus coinneachadh ri feumalachdan ionnsachadh na cloinne air sgàth 's COVID-19. Chruthaich an ceannard-sgoile dòigh-obrach aon cheum glè fheumail airson sùil a chumail air adhartas na cloinne. Bu chòir dhi cumail oirre an dàta seo a chleachdadh gus taic a phlanadh agus gus curraicealam Sgoil a' Bhac a dhealbhadh san àm ri teachd. Tha tidsearan a' brosnachadh ionnsachadh na cloinne ann an saidheans, teicneolas, einnseanaireachd agus matamataig (STEM). Tha cuid de chlasaichean a' dèanamh phròiseactan air STEM, a' cleachdadh an uidheim dhidseataich, e-Sgoil. Tha barrachd fòcais aig a h-uile tidsear air slàinte agus sunnd.

Tha clann nas sine ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig a' bruidhinn gu pongail air buannachdan a thig an cois meudachadh nan gnìomhachasan sgrìobhaidh aca. Tha fios aca air mar a chuidicheas an sgil seo iad nuair a ghluaiseas iad tron fhoghlam agus a-steach dhan t-saoghal obrach. Rinn tidsearan ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig sgrùdadh air a' chleachdadh aca. Bha seo 's iad ag obair a dh'ionnsaigh foghlam bogaidh nas fheàrr buileach. Tha iad a' leasachadh speisealachaidhean làidir ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha tidsearan air cleachdadh sgrùdach a dhèanamh den 'Chomhairle mu Fhoghlam Gàidhlig'. Tha iad air poileasaidh a sgrìobhadh air na tha cur ri ionnsachadh, teagasg agus measadh sàr-mhath tro bhogadh. Dh'obraich iad a-mach frèam-obrach adhartais airson litearrachd agus Gàidhlig. Tha tidsearan air barrachd fòcais air cluich làn-bhogaidh a phlanadh. Ann an seo, tha clann nas òige ag èisteachd ri, a' tuigsinn agus a' bruidhinn anns a' Ghàidhlig. Tha tidsearan a' tòiseachadh air tomhas a dhèanamh air mar a tha seo a' togail ruigsinneachd ann am bruidhinn, leughadh agus sgrìobhadh. Leasaich iad dòigh làidir airson gràmar a theagasg ann an dòigh ghnìomhach agus tarraingeach. Choimhead iad cuideachd air astar agus dùbhlann a mheudachadh le bhith ag aithneachadh dhòighean anns am faod sgilean litearrachd anns a' Ghàidhlig taic a thoirt do sgilean anns a' Bheurla. Bu chòir com-pàirtichean, luchd-taic agus luchd-cleachdaidh san sgoil-àraich a bhith nam pàirt den phròiseact seo. Bu chòir don cheannard-sgoile prìomhachas nas àirde a thoirt do bharrachd Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) a lìbhrigeadh sa churraicealam agus seo a ghabhail a-steach ann am plana leasachaidh na sgoile. 'S e prìomhachas nàiseanta a tha seo, cho math ri bhith cudromach dhan eilean agus dhan choimhearsnachd.

Dè thachras a-nis?

Mar a thuigear, bha an sgoil a' freagairt ris na dùbhlain a thàinig bhon ghalar mhòr-sgaoilte COVID-19. Bha buaidh shònraichte aig seo air obair na sgoile. Tha luchd-obrach a' cur phlanaichean an gnìomh gus taic a thoirt do ath-bheothachadh. Tha luchd-obrach a' coinneachadh ris na molaidhean bhon bhun-sgrùdadh. Mar sin, cha dèan sinn tadhalan a bharrachd air an sgoil co-cheangailte leis a' bhun-sgrùdadh. Bidh Comhairle nan Eilean Siar a' cumail orra a' toirt fios do phàrantan mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean àbhaisteach aca airson aithris air càileachd na seirbheis foghlaim aca.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh na Banrigh

ⁱ 'S e sgoil-àraich am briathar Gàidhlig a thathar a' cleachdadh airson suidheachadh tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne. 'S e Sgoil Àraich Loch a Tuath an t-ainm a th' air an t-solarachadh tràth-ionnsachaidh agus cùraim-chloinne. Anns an sgoil seo, thathar a' cleachdadh sgoil-àraich gus an dà chuid solarachadh tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla a ghabhail a-steach.